

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## **'Iain Spàinnteach' (1)**

*A special programme, in the form of a "letter", designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 905. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 601 corresponds to Litir 905.*

Thathar ag innse sgeulachdan ann an Ros an Iar mu airgead Frangach a chaidh a dhìth aig àm ar-a-mach nan Seumasach. Tha e coltach nach buin na stòiridhean do mhacmeanmna, ge-tà. Tha tomhas dhen fhìrinn annta.

Tha cunntas mun ghnòthach ann an leabhar air a bheil '*Spanish John*'. 'S e cunntas-beatha a th' ann – fèin-eachdraidh – air a sgrìobhadh leis a' Choirneal Iain MacDhòmhnaill à Sgotas ann an Cnòideart. Tha esan a' cumail a-mach gun deach mìle not a ghoid bhuaithe ann an Dùthaich MhicCoinnich ann an Ros an Iar ann am Bliadhna a' Phrionnsa. 'S e fortan a bha sin aig an àm.

Mus tig mi chun an airgid, bu mhath leam innse dhuibh mu bheatha Iain MhicDhòmhnaill, oir tha i gu math inntinneach. Rugadh e ann an Cnòideart ann an seachd ceud deug, fichead 's a h-ochd (1728). B' e fear de dh'uaislean Clann 'ic Dhòmhnaill a bh' ann – sin Clann 'ic Dhòmhnaill Ghleanna Gharadh.

'S e Caitligich a bh' annta. Nuair a bha e dusan bliadhna a dh'aois, chuir athair e gu ruige a' Cholaiste Albannach anns an Ròimh, leis an amas gum biodh e na shagart. Ach bha e follaiseach gu math tràth nach robh ar laoch cho dèidheil air **beatha sagairt**. B' fheàrr leis a bhith na shaighdear.

Thachair e ri Rìgh Seumas VIII na h-Alba – no *The Old Pretender* mar a chanadh gu leòr ris – agus fhuair e brosnachadh a dhol do dh'arm na Spàinnteach. Bha na Spàinnteach aig an àm sin **ri cath** an aghaidh na h-Ostaire anns an Eadailt. Chaidh Iain gu buidheann shònraichte anns an arm – am Bragàd Èireannach, anns an robh oifigearan Èireannach agus feadhainn à Alba cuideachd. Chaidh am Bragàd a dhèanamh bho thùs nuair a theich arm nan Seumasach a-mach à Èirinn an dèidh Cath na Bòinne, *the Battle of the Boyne*.

Co-dhiù, 's e sin as coireach gur e '*Spanish John*' a thugadh air Iain MacDhòmhnaill mar fhar-ainm. Cha b' fhada gus an robh e ann am batail chruaidh, a' dìon Naples bho na h-Ostriaich. Chaidh a leòn, agus chuir e seachad ùine san ospadal. Cha robh aodach no airgead air fhàgail aige. Nuair a chuala Rìgh Seumas mun t-suidheachadh aige, chuir e airgead thuige.

Chaidh Iain air ais do dh'arm na Spàinnteach. Ach bha aon chluas aige air na bha a' dol aig an taigh. Bha mac an Rìgh – Teàrlach Òg Stiùbhart – ann am Breatainn, feuch na Stiùbhartaich a chur air ais air a' chathair rioghail. Bha arm nan Seumasach ann an Sasainn, a' dèanamh air Lunnainn.

Rinn Iain tagradh a dhol don Fhraing airson a bhith mar phàirt de dh'fheachd a rachadh a Bhreatainn às leth a' Phrionnsa. Bha ceithir oifigearan deug eile às a' am

Bhragàd Èireannach còmhla ris. Bha iad an dùil fàilte a chur air Teàrlach Òg nuair a bha e a' caismeachd a-steach a Lunnainn.

Ach nuair a ràinig iad Paris, fhuair iad droch naidheachd. Bha arm nan Seumasach air stad ann an Derby. Bha iad a' tilleadh gu tuath. Agus bha an cuan làn shoithichean Breatannach. Bhiodh e cunnartach a dhol a dh'Alba ann an soitheach Frangach. Ach bha Iain deimhinne gun robh e airson a bhith a' strì airson adhbhar a' Phrionnsa. Innsidh mi dhuibh mu na thachair an uair sin an-ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** cunntas-beatha: *biography*; fèin-eachdraidh: *autobiography*; Bliadhna a' Phrionnsa: *1745-6*; fortan: *fortune*; Caitligich: *Catholics*; An Eadailt: *Italy*; a' caismeachd: *marching*.

**Abairtean na Litreach:** Thathar ag innse sgeulachdan ann an Ros an Iar: *stories are told in Wester Ross*; airgead Frangach a chaidh a dhìth aig àm ar-a-mach nan Seumasach: *French money that went missing at the time of the Jacobite rebellion*; nach buin na stòiridhean do mhacmeanmna: *that the stories are not imaginary*; tha tomhas dhen fhìrinn annta: *there is some truth in them*; leis a' Choirneal Iain MacDhòmhnaill à Sgotas ann an Cnòideart: *by Col. John McDonell from Scottas in Knoydart*; gun deach mìle not a ghoid bhuaithe: *that a thousand pounds were stolen from him*; Clann 'ic Dhòmhnaill Inbhir Gharadh: *the MacDonells of Glengarry*; gu ruige a' Cholaiste Albannach anns an Ròimh: *to the Scotch College in Rome*; chaidh am Bragàd a dhèanamh bho thùs: *the Brigade was originally created*; nuair a theich arm nan Seumasach a-mach à Èirinn an dèidh Cath na Bòinne: *when the Jacobite army fled from Ireland after the Battle of the Boyne*; feuch na Seumasaich a chur air ais air a' chathair rìoghail: *in an attempt to put the Jacobites back on the throne*; a' dèanamh air Lunnainn: *making for London*; mar phàirt de dh'fheachd a rachadh a Bhreatainn às leth a' Phrionnsa: *as part of a force that would go to Britain on the Prince's behalf*; fhuair iad droch naidheachd: *they got bad news*; a' tilleadh gu tuath: *returning north*; bha an cuan làn shoithichean Breatannach: *the sea was full of British vessels*; bhiodh e cunnartach a dhol a dh'Alba: *it would be dangerous to go to Scotland*; bha Iain deimhinne gun robh e airson a bhith a' strì airson adhbhar a' Phrionnsa: *John was certain that he wanted to [be involved in the] struggle for the Prince's cause*.

**Puing-chànain na Litreach:** cho dèidheil air **beatha sagairt**: *so keen on the life of a priest. The Gaelic for priest is sagart (unsurprisingly it originates in Latin). In the indefinite genitive singular ie 'of a priest' we simply slenderize it to sagairt, with a slight change in pronunciation. It is not lenited. In the definite genitive singular 'of the priest', it is an t-sagairt, the normal model for a masculine noun which starts with an 's' followed by a vowel.*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** **ri cath** an aghaidh na h-Ostaire: *at war against Austria*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA